

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Dòmhnall Bàn MacCruimein

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,059. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 755 corresponds to Litir 1,059.

Dh’ainmich mi Dòmhnall Bàn MacCruimein an t-seachdain sa chaidh nuair a bha mi a’ bruidhinn mu Ruaig na Mòighe. B’ esan an aon duine, a rèir aithris, a chaidh a mharbhadh anns an Ruaig.

Bhuineadh Dòmhnall do chinneadh a tha ainmeil ann an eachdraidh na pìobaireachd. Bha Clann ’ic Cruimein nam pìobairean do chinn-chinnidh Clann ’ic Leòid Dhùn Bheagain. Ann am Bliadhna a’ Phrionnsa, bha Dòmhnall Bàn na phìobaire do cheann-cinnidh nan Leòdach. Bha a cheannard air taobh an riaghaltais. Mar sin, bha Dòmhnall Bàn gu tric air blàr catha an aghaidh nan Seumasach.

Dà latha ron Nollaig ann an seachd ceud deug, ceathrad ’s a còig (1745), chaill na Hanoibhèirianaich an aghaidh nan Seumasach ann am Blàr Inbhir Uaraidh ann an Siorrachd Obar Dheathain. Chaidh Dòmhnall Bàn a chur an grèim. Chaidh a leigeil mu sgaoil, ge-tà. Ged a bha e na nàmhaid, bha spèis mhòr aig na Gàidheil air pìobaireachd agus pìobairean. Thathar ag ràdh gun robh pìobairean nan Seumasach a’ diùltadh a bhith a’ seinn na pìoba, fhad ’s a bha Dòmhnall Bàn ann an grèim aca.

Ge-tà, cha robh Dòmhnall beò fada às dèidh sin. Ann am meadhan a’ Ghearrain, nas lugha na dà mhìos an dèidh Blàr Inbhir Uaraidh, bha e anns a’ Mhòigh, ri taobh ceann-cinnidh nan Leòdach. Chaidh peilear a losgadh anns an dorchadas le fear dhen chòignear a bha a’ dìon na Mòighe. Bhuail e Dòmhnall, agus thuit am pìobaire marbh. An uair sin, theich am mìle gu leth saighdear aig a’ Mhorair Loudon air ais a dh’Inbhir Nis. Shàbhail sin beatha Theàrlaich Oig Stiùbhairt.

A rèir beul-aithris, ’s e Dòmhnall Bàn a chruthaich a’ phìobaireachd – agus an t-òran – ainmeil *Cumha MhicCruimein* no *Cha Till MacCruimein*. Thathar ag ràdh gun robh an t-òran a’ dèanamh ro-aithris air a bhàs fhèin. Tha an t-sèist – co-dhiù mar a thathar a’ seinn an òrain an-diugh – a’ dol mar seo:

*Cha till, cha till, cha till MacCruimein; An cogadh no sìth, cha till e tuilleadh;
Le airgead no nì cha till MacCruimein; Cha till e gu bràth gu Latha na Cruinne.*

Seo aon dreach anns an latha an-diugh air a’ chòrr dhen òran. Seo a’ chiad rann:

*Tha ceò nan stùc mu aodann a’ Chuilthinn; Is sheinn a’ bhean-shìth a torman mulaid;
Gorm-shùilean ciùin san Dùn a’ sileadh; On thriall thu bhuainn ’s nach till thu tuilleadh.*

Le ‘an Dùn’, thathar a’ ciallachadh ‘Caisteal Dhùn Bheagain’. Seo agaibh an dàrna rann: *Tha ’n fhairge fa dheòigh làn bròin is mulaid; Tha ’m bàta fo sheòl ach*

dhiùlt i siubhal; Tha gàirich nan tonn le fuaim neo-shubhach; Ag ràdh gun do dh'fhalbh 's nach till thu tuilleadh.

Agus seo an treas rann: *Cha chluinnear do cheòl san Dùn mu fheasgar; 'S mac-talla nam mùr le mùirn ga fhreagairt; Gach fleasgach is òigh, gun cheòl, gun bheadradh; On thriall thu bhuainn, 's nach till thu tuilleadh.*

Agus an t-sèist aon turas eile: *Cha till, cha till, cha till MacCruimein; An cogadh no sìth, cha till e tuilleadh; Le airgead no nì cha till MacCruimein; Cha till e gu bràth gu Latha na Cruinne.*

* * * * *

Faclan na Litreach: Dòmhnall Bàn MacCruimein: *Donald Ban MacCrimmon*; Ruaig na Mòighe: *The Rout of Moy*; Clann 'ic Leòid Dhùn Bheagain: *the MacLeods of Dunvegan*; Blàr Inbhir Uaraidh: *The Battle of Inverurie*.

Abairtean na Litreach: Bhuineadh X do chinneadh a tha ainmeil ann an eachdraidh na pìobaireachd: *X belonged to a family line that was famous in the history of piping*; gu tric air blàr catha an aghaidh nan Seumasach: *often on a battlefield in opposition to the Jacobites*; dà latha ron Nollaig: *two days before Christmas*; chaidh a leigeil mu sgaoil, ge-tà: *he was released, however*; a' diùltadh a bhith a' seinn na pìoba, fhad 's a bha Dòmhnall Bàn ann an grèim aca: *refusing to play the bagpipes, while Donald Ban was in their custody*; chaidh peilear a losgadh anns an dorchadas le fear dhen chòignear a bha a' dìon na Mòighe: *a bullet was fired in the darkness by one of the five men who were protecting Moy*; ro-aithris air a bhàs fhèin: *a prediction of his own death*; le airgead no nì cha till MacCruimein: *with money nor possessions, MacCrimmon will not return*; cha till e gu bràth gu Latha na Cruinne: *he'll never return until Judgement Day*; tha ceò nan stùc mu aodann a' Chuilthinn: *the mist of the peaks is on the face of the Cuillin*; sheinn a' bhean-shìth a torman mulaid: *the fairy woman sang her song of sadness*; gorm-shùilean ciùin san Dùn a' sìleadh: *mild blue eyes in Dunvegan Castle letting down tears*; on thriall thu bhuainn: *since you departed from us*; gàirich nan tonn le fuaim neo-shubhach: *the roaring of the waves with its joyless sound*; cha chluinnear do cheòl: *your music is not heard*; mac-talla nam mùr le mùirn ga fhreagairt: *the echo [from] the ramparts replied to with joy*; gach fleasgach is òigh, gun cheòl, gun bheadradh: *every young man and woman, without music, without playfulness.*

Puing-chànain na Litreach: Ag ràdh **gun do dh'fhalbh 's nach till** thu tuilleadh: *saying that you [have] left and will never return. Did you pick up the different tenses in these two verbal forms? Gun do dh'fhalbh is past tense – shown by the particle do and the dh' in front of the lenited root of the verb (fhalbh). Nach till, on the other hand, is clearly a future tense form – the equivalent past tense form of the same verb would be nach do thill.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Tha 'n fhairge **fa dheòigh** làn bròin is mulaid: *the sea is at last full of great sadness.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA